

Pàirt 1

- a. Dè am fiosrachadh a tha ga thoirt seachad mun teine air taobh siar Leòdhais. Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

2

	Tha luchd-smàlaidh a' feuchainn ri a thoirt fo smachd.
	Thòisich e feasgar an-dè.
	Chan eil fios aig na poilis ciamar a thòisich e.
	Tha mòran bheathaichean ann an cunnart.

- b. Dè an suidheachadh cunnartach a dh'èirich mu mheadhan-latha?

2

- c. Dè thachair faisg air Obar Dheathain?

1

- d. Dè thachair dha na daoine air an tug seo buaidh?

2

	Thog heileacoptair às an uisge iad.
	Chaidh an togail le bàta-teasairginn.
	Tha iad ann an staid èiginneach.
	Chan eil iad air an droch ghoirteachadh.

- e. Cò mu dheidhinn a bhios òraid a' Phrìomh Mhinistear aig a' Mhòd?

1

- f. Ciamar a tha luchd-stiùiridh a' Mhòid a' faireachdainn agus carson?

2

Pàirt 2

- a. Dè an tachartas spòrs a bhios a' dol air adhart ann an Glaschu a-nochd? 1
- b. Dè am beachd a th' aig a' mhanaidsear a thaobh a' gheama? 1
- c. Carson a tha an gèam seo cudromach dhan dà sgioba? 1
- d. Cò ris a bhios an aimsir coltach air a' Ghàidhealtachd a-màireach? 2
- e. Cò ris a bhios an aimsir coltach ann an ceann a deas na h-Alba a-màireach? 2

An earrann gu lèir

- a. Dè an seòrsa prògram rèidio a tha seo 1

	Naidheachdan maidne air an uair.
	Naidheachdan feasgair air an uair.
	Naidheachdan na seachdain.

- b. Le bhith a' cleachdadh fianais às an earrainn, mìnich carson a tha thu den bheachd seo. 2

20